

MG

ALBA

PASGAN-FASTAIDH

CLÀR-INNSE

FÀILTE	3
AR SAOGHAL	4
AR LUACHAN	5
TUAIRISGEUL OBRACH	6
SANAS AGUS STIÙIREADH AIRSON TAGRADH	9

Facal bhon Àrd-Oifigear againn...

Tha sinn a' sireadh neach eagraichte agus co-obrachail mar Oifigear Leasachaidh agus Taic Buidhne san sgioba againn. Bidh dreuchd fhìor-chudromach agad ann a bhith a' toirt taic do cho-obraichean agus manaidsèaran air feadh na buidhne.


Bidh an dreuchd seo a' cur ri lìbhrigeadh phròiseactan gu h-èifeachdach, a' neartachadh ar gealltanasan a thaobh Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhail agus a thaobh Sunnd, agus a' toirt seachad taic dheatamach làitheil do luchd-obrach, compàirtichean agus teanantan stèidhichte ann an campas nam meadhanan againn ann an Steòrnabhagh.

'S e àm inntinneach a tha seo a bhith nad phàirt de rudeigin brìoghmhor, agus ma tha na sgilean ceart agus beachd deimhinneach agad a bhith a' dèanamh diofar, bu mhath leinn cluinntinn bhuat.

Anns a' phasgan seo gheibh sibh tuairisgeul obrach, sanas obrach agus stiùireadh airson tagradh.

Ma tha riatanasan ciorraim, ruigsinneachd no in-ghabhail sam bith agaibh, feuch an innis sibh dhuinn. Bidh an sgioba againn toilichte freagradh reusanta sam bith a tha a dhìth oirbh a chur an sàs gus an urrainn dhuibh làn phàirt a ghabhail sa phròiseas fastaidh.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri ur tagradh.




Dòmhnall Caimbeul
27/04/2026

AR SAOGHAL



GÀIDHLIG ANNS GACH ÀITE



AIRSON GACH NEACH

BBC ALBA 



AR LUACHAN

CRUTHACHALACHD

Tha sinn a' comasachadh cruthachadh sàr-shusbaint Ghàidhlig.

LUCHD-AMHAIRC

Tha sinn air ar fiosrachadh agus air ar brosnachadh le ar luchd-amhairc.

ÀRD-AMAS

Tha sinn ag amas air agus a' lìbhrigeadh sàr-mhathas

CO-BHANNTACHD

Tha sinn a' coileanadh tro cho-obrachadh.

SPÈIS

Tha sinn ag èisteachd; tha sinn a' brosnachadh; tha sinn cothromach.



Oifigear Leasachaidh agus Taic Buidhne

Tiotal Obrach	Oifigear Leasachaidh agus Taic Buidhne	Ìre	C2	Uairean-a-thìde gach seachdain	37
---------------	--	-----	----	--------------------------------	----

Àite Steòrnabhagh

Raon Tuarastail £33,954 - £38,148

Uallach orra airson Dèanamh cinnteach gu bheil an Stiùiriche Dhaoine, Chom-pàirteachasan agus Leasachadh fiosraichte air na tha a' tachairt a thaobh a h-uile pròiseact buntainneach fo raon-obrach Leasachadh Buidhne. A' gabhail a-steach planaichean gnìomh agus gnìomhan airson:

- Plana Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhail
- Plana Sunnd
- Cunntasan puist-dealain Saorsa an Fhiosrachaidh agus Oifigear Dìon Dàta
- Sruthan-obrach roinne air Monday.com

Cunntachail do Stiùiriche Dhaoine, Chom-pàirteachasan agus Leasachadh

Dàimhean-obrach Bidh an neach-dreuchd ag obair ann an sgioba air a stiùireadh leis an Stiùiriche Dhaoine, Chom-pàirteachais agus Leasachadh. Tha an obair feumach air sàr sgilean conaltraidh agus an comas a bhith a' co-obrachadh gu h-èifeachdach le co-obraichean is manaidsearan thar raon farsaing de raointean gnothachais gach latha. Bidh an neach-dreuchd cuideachd a' dèiligeadh gu dìreach agus gu cuideachail ri co-chomhairlichean, teanantan, cùmhnantaichean agus an t-uachdaran.

Amas

- Taic rianachd choitcheann a thoirt seachad do mhanaidsearan agus co-obraichean
- Taic libhrigidh phròiseactan a thoirt seachad
- Gnìomhan ann am planaichean MG ALBA airson Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhail (EDI) agus airson Sunnd a chur an gnìomh
- Taic a thoirt seachad do luchd-obrach, luchd-cleachdaidh agus teanantan nan oifisean/togalach MG ALBA

Prìomh Thoraidhean Pròiseactan/gnìomhan air an coileanadh gu practaigeach, gu luath agus gu h-èifeachdach gus taic a thoirt seachad do mhanaidsearan buntainneach ann an raointean a tha a' gabhail a-steach, gun a bhith cuibhrichte do:

- Rianachd agus manaidseadh sruthan-obrach taobh a-staigh an sgioba agad fhèin (faic Prìomh gnìomhan)
- Taic gu ruige Saorsa an Fhiosrachaidh, manaidseadh Dàta, agus Dìon
- Iomairtean is tachartasan trèanaidh
- Co-chomhairleachaidhean

- Coileanadh nam planaichean gnìomha airson Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhail (EDI) agus airson Sunnd
- A' toirt seachad sàr sheirbheis do luchd-ùidhe, luchd-tadhail, luchd-trèanaidh agus greisean gnìomhachais

Prìomh Ghnìomhan

Roinn

- Obair-planaidh gach latha/seachdain le: Stiùiriche Dhaoine, Chom-pàirteachasan agus Leasachadh; Manaidsear Chom-pàirteachasan is Phròiseactan; Manaidsear Ionnsachaidh is Leasachaidh; agus co-obraichean buntainneach eile.
- Put air adhart sruthan-obrach na roinne air Monday.com
- Stiùirich agus adhartach sgrìobhainnean co-obrachail airson nan roinnean, a' gabhail a-steach co-chomhairleachaidhean agus pàipearan le iomadh ùghdar no lèirmheasaiche
- Cuir air dòigh coinneamhan sgioba taobh a-staigh agus coinneamhan le luchd-ùidhe/luchd-pàirt taobh a-muigh
- Put air adhart cur an gnìomh nam planaichean EDI agus Sunnd
- Dèilig ri rianachd, litrichean agus taobhan conaltraidh nan iomairtean trèanaidh a tha MG ALBA air a chur air dòigh airson na roinne, agus bi an làthair mar neach-aogheachd airson tachartasan trèanaidh no coimhearsnachd
- Dèan cinnteach gu bheil com-pàirtichean ann an greisean-gnìomhachais sgoile/foghlaim aig MG ALBA air an aogheachd ann an dòigh a tha sàbhailte, deagh stiùirichte agus tlachdmhor sna h-oifisean ann an Glaschu agus ann an Steòrnabhagh
- Dèilig ri gnìomhan a tha riatanach fo phoileasaidh Dìon MG ALBA nuair a tha iomairtean trèanaidh na roinne, fo stiùir MG ALBA, no tadhalan air-làrach a' tachairt.
- Thoir seachad aogheachd agus seirbheisean choinneamhan gnothachais airson bhuidhnean agus daoine fa leth a tha a' tadhal air an oifis ann an Steòrnabhagh, a' dèanamh cinnteach gu bheil a' solarachadh taic IT/AV nuair a tha feum ann air

A' bhuidheann nas fharsainghe

- A' toirt seachad taic rianachd ann an dòigh a tha tìmeil, dian agus practaigeach, do stiùireadh MG ALBA air feadh na buidhne, a' gabhail a-steach a' gabhail gheàrr-chunntasan agus a' toirt gnìomhan gu buil mar a tha iomchaidh
- A' gabhail os làimh rannsachadh airson àrd-mhanaidsearan mar a tha iomchaidh
- Sùil làitheil de ph-dealain Saorsa an Fhiosrachaidh agus DPO, agus a' conaltradh ris a' Chomhairleachaidh in-taigh nuair a tha gnothaichean ag èirigh, a' leantainn comhairle air na gnìomhan a dh'fheumar coileanadh
- A' dèiligeadh ri gnìomhan a tha riatanach gus dleastanasan MG ALBA a choileanadh a thaobh dìon dàta agus manaidseadh chlàran
- A' toirt taic don sgioba Teicneòlas is Oighreachdan ann an stiùireadh làitheil goireas na h-oifis MG ALBA mar a tha iomchaidh

- A' toirt seachad còmhach saor-làithean is tinneas airson cho-obraichean buntainneach, mar a tha iomchaidh.
- A' toirt seachad seirbheisean fàilteachaidh bho àm gu àm nuair a tha feum ann

Prìomh Sgìlean

- Sàr sgìlean conaltraidh (labhairte agus sgrìobhte) an dà chuid ann an Gàidhlig agus ann am Beurla
- Teisteanasan buntainneach agus/no eòlas roimhe air dreuchd rianachd no manaidsèadh
- Sgìlean làidir a thaobh mothachalachd air mion-fhiosrachadh agus comasachd a bhith ag obair gu sùbailte thar phròiseactan
- Comasachd a bhith ag obair gu neo-eisimeileach agus a' breithneachadh gu math ann a bhith a' prìomhachadh obair
- Comas a bhith a' dùileachadh chùisean mus tachair iad, a' toirt seachad fuasglaidhean, molaidhean agus for-àrdachadh ann an dòigh thimeil
- Gnàth-eòlas air obair fo chuideam
- Deagh eòlas obrachaidh agus sgìlean le pasganan Microsoft Office
- Comas a bhith a' cruthachadh sgrìobhainnean agus aithrisean de dh'àrd-chàileachd airson a' bhùird, chomataidhean agus cho-obraichean
- Cluicheadair-sgioba làidir, comasachd air obair gu co-chomhairleachail agus a bhith a' manaidsèadh suas
- Sàr sgìlean eagrachaidh agus planaich
- Comas a bhith a' togail agus a' cumail sàr dhàimhean obrach taobh a-staigh agus taobh a-muigh na buidhne
- Gealladh airson leasachadh pearsanta is proifeiseanta

Faid:

Maireannach

Sanas

Thig còmhla rinn!

Tha sinn a' fastadh!

Tha sinn a' lorg **Oifigear Leasachaidh agus Taic Buidhne**. Bidh beachdan ùra agad, dòigh-obrach le fòcas air fuasglaidhean agus gealltanais làidir air obair gu co-obrachail.

Bidh tu a' toirt seachad taic rianachd de dh'àrd chàileachd do phròiseactan agus do cho-obrachaidhean is manaidsèaran, a' cur ri prìomhachasan cudromach, a' gabhail a-steach na planaichean againn air EDI agus Sunnd. Bidh tu a' toirt taic do luchd-obrach, luchd-cleachdaidh agus teanantan agus a' cuideachadh gus àrainneachd obrach dheimhinneach agus deagh eagraichte a chruthachadh.

Airson a bhith soirbheachail san dreuchd seo, bidh thu nad neach-conaltraidh misneachail agus so-ruigheachd an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla, le sgilean eagrachaidh làidir agus mothachalachd air mion-fhiosrachadh. Bidh thu cofhurtail a' manaidsèadh uallach-obrach eadar-mheasgte agus ag obair gu neo-eisimeileach ann a bhith a' sùileachadh fheumalachdan. Bidh eòlas buntainneach, sgilean didseatach làidir agus dòigh-obrach fhor-ghnìomhach, thaiceil agad.

Còmhla ri tuarastal farpaiseach, bidh cothrom agaibh cuideachd air raon de shochairan, nam measg:

- Sgeama peinnsein tabhartach – 10% tabhartasan fastaiche, 5% a bharrachd ma thèid a mhaidsèadh.
- 31 latha de shaor-làithean bliadhnaile + 6 saor-làithean poblach (pro rata)
- Cothroman ballrachd gym
- Cleachdaidhean obrach sùbailte agus càirdeil do theaghlaichean
- Sgeama Rothaireachd gu Obair
- Ag obair airson fastaiche a fhuair aithne mar Creideas nar Cosnaichean (Òr), Creideas ann an Sunnd (Coitcheann) agus Creideas nar Cosnaichean Òga (Òr).

Ceann-latha mu dheireadh airson tagraidhean – **Dihaoine 15 Cèitean 1f. Cha ghabhar ri tagraidhean fadalach.**

Stiùireadh airson Tagradh:

Cuiribh ur Cunntas-beatha agus litir còmhdaich gu hr@mgalba.com a' mìneachadh carson a bu chòir beachdachadh oirbh agus ur tuigse air mar as urrainn dhuibh an dreuchd a choileanadh gu soirbheachail.

MÒRAN TAING!

